




beatha
le
buaidh

LE DOLB M

UET2OU W
Nelson Mandela

beatha le
buaidh



Air fhoillseachadh ann an 2004 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2004.

An teacs le Ailig O' Henley.

Na dealbhan le Tasglann Mayibuye, Afraga a Deas, le taing do dh'Esther Van Driel.

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.


Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-08-6



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig




NELSON MANDELA

Tha Nelson Mandela cho ainmeil ri neach-poileataigeach sam bith air an t-saoghal. Chuir e seachad bliadhnaichean mòra dheth bheatha sa phrìosan. Carson? Uill, bha e a' strì an aghaidh sgaradh-cinnidh no *apartheid* ann an Afraga a Deas. 'S e a bha sin ach siostam poileataigeach far an robh na daoine geala a' cumail sìos nan daoine dubha. Rinn an saoghal toileachas mòr nuair a fhuair Mandela a-mach às a' phrìosan. Chaidh a thaghadh mar Cheann-suidhe air Afraga a Deas. B' e a' chiad Cheann-suidhe dubh anns an dùthaich sin. Agus choisinn e cuideachd Duais Sìthe Nobel airson a chuid obrach.

NELSON MANDELA

Àrach rìoghail

Rugadh Nelson Mandela air 18 Iuchar, 1918, ann am baile beag ann an Transkei. Tha sin ann an taobh sear Afraga a Deas. Is e Rolihlahla Dalibhunga Mandela an làn ainm aige. Chaidh atharrachadh gu Nelson nuair a chaidh e don sgoil. Bha athair na cheannard air an treubh ris an canar Madiba. Gu mì-fhortanach bhàsaich esan nuair a bha Nelson dìreach naoi bliadhna a dh'aois.



N E L S O N M A N D E L A

A' dol a-steach don ANC

Chaidh Nelson Mandela an lùib an ANC – Còmhdhail Nàiseanta Afraga – ann an 1943. 'S e neach-iomairt a bh' ann an toiseach, ach an uair sin thòisich e Lìg Òigridh an ANC. Bha e na Cheann-suidhe air a' bhuidhinn. Ann an 1944 phòs e a' chiad bhean aige, Evelyn Mase. Bha triùir chloinne aca, ach dhealaich iad ann an 1957.

Mun àm seo bha Mandela air teisteanas fhaighinn mar neach-lagha. Còmhla ri fear eile, Oliver Tambo, dh'fhosgail iad oifis lagha ann am baile Johannesburg. Thuit an dithis aca gun dèanadh iad strì gun sgur an aghaidh sgaradh-cinnidh. Bha iad gu sònraichte an aghaidh na Pàrtaidh Nàiseanta, pàrtaidh nan daoine geala.

N E L S O N M A N D E L A



NELSON MANDELA

Fo chasaid brathaidh

Ann an 1956, chaidh casaidean brathaidh a chur às leth Mhaighstir Mandela agus 155 neach-iomairt eile. Ach às dèidh cùis-lagha a mhair ceithir bliadhna, chaidh na casaidean a leigeil às.

Bha an gluasad an aghaidh sgaradh-cinnidh a' fàs na bu làidire. Gu sònraichte bha fearg air na daoine dubha mu laghannan ùra. Bha na laghannan seo ag ràdh nach fhaodadh na daoine dubha fuireach no obair fhaighinn ach ann an àiteachan a bha air a chomharrachadh dhaibh.

Ann an 1958 phòs Maighstir Mandela Winnie Madikizela. Bhiodh pàirt mhòr aicese anns an iomairt gus Nelson Mandela fhaighinn a-mach às a' phrìosan.

NELSON MANDELA



A' dol air falach

Chaidh an ANC a dhèanamh mì-laghail ann an 1960. Bha sin a' ciallachadh gum feumadh Nelson Mandela a dhol air falach. 'S e droch bhliadhna a bha sin cuideachd airson nan daoine dubha ann an Afraga a Deas. Aig tachartas ann am baile Sharpeville mharbh na poileis 69 daoine dubha.

Bha fios aig Maighstir Mandela a-nis nach robh iomairt shìtheil a' dol a dh'obrachadh. An àite sin chuir e iomairt ùr air bhonn a' feuchainn ri sabotàis a dhèanamh air eaconamaidh Afraga a Deas.


Cha robh fada gus an deach Mandela a chur an grèim a-rithist. Bha e fo chasaid sabotàis agus a' feuchainn ri cur às don riaghaltas le bhith a' cleachdadh fòirneart. Anns a' chùirt, thuirt Maighstir Mandela:

Bha dùthaich deamocratach agus saor riamh faisg air mo chridhe. Dùthaich far a bheil an aon chothrom aig gach neach. Tha mi an dòchas gum faic mi sin na mo bheatha. Ach ma dh'fheumas mi, tha mi deònach bàsachadh airson sin a thoirt gu buil cuideachd.

Anns a' Gheamhradh 1964 chaidh binn beatha a thoirt do Mhaighstir Mandela. Chaidh a chur gu prìosan Eilean Robben agus chuir e seachad ochd bliadhna deug na phrìosanach an sin. Uile gu lèir bha e sa phrìosan fichead sa seachd bliadhna. Bha obair gu math cruaidh aig Mandela nuair a bha e sa phrìosan. Bha e a' cladhach chlachan agus a' togail feamainn airson mòran den ùine.

NELSON

MANDELA



Concider for a

Iomairt saoraidh

Fhad 's a bha Maighstir Mandela sa phrìosan bha an iomairt an aghaidh sgaradh-cinnidh a' leantainn air adhart. Ann an 1980 chuir a charaid, Oliver Tambo, iomairt eadar-nàiseanta air bhonn airson Mandela a shaoradh.

Ann an 1967 chuir dùthchannan an t-saoghail casgan malairt nas cruaidhe air Afraga a Deas. Rinn seo diofar mòr. Ann an 1990 thog an Ceann-suidhe, FW de Klerk, an casg air an ANC. Agus an uair sin air 11 Gearran 1990, chaidh Maighstir Mandela a shaoradh às a' phrìosan. Bha fhalt air fàs liath agus bha e gu math caol. Ach às dèidh na bha e air fhulang cha robh e ann an droch shlàinte idir.

Ann an 1992, dhealaich Maighstir Mandela bhon bhean aige, Winnie. Bha seo às dèidh do Winnie nochdadh sa chùirt. Bha i fo chasaid gun tug i daoine am bruid agus gun tug i ionnsaigh orra. Chaidh a faighinn ciontach.

N E L S O N M A N D E L A

Duais Nobel

Annan an Dùbhlachd 1993, chaidh Duais Sìthe Nobel a thoirt do Mhaighstir Mandela agus Maighstir de Klerk. Bha seo airson na rinn iad gus riaghaltas deamocratach a stèidheachadh ann an Afraga a Deas.

Còig mìosan às dèidh sin, fhuair Mandela urram eile. Airson a' chiad uair ann an eachdraidh Afraga a Deas, fhuair a h-uile duine bhòt ann an taghaidhean deamocratach. Chaidh Maighstir Mandela a thaghadh mar Cheann-suidhe. Chuir e seachad còig bliadhna anns an dreuchd.

Anns an ùine sin thòisich Maighstir Mandela air na trioblaidean aig Afraga a-Deas a chur ceart. Thog e cuideachd ìomhaigh ùr airson Afraga a-Deas air feadh an t-saoghail.

N E L S O N M A N D E L A



A' leigeil dheth a dhreuchd

Leig Maighstir Mandela dheth dreuchd Ceann-suidhe an ANC anns an Dùbhlachd 1997. An uair sin ghabh Thabo Mbeki thairis mar Cheann-suidhe Afraga a Deas ann an 1999. Ach cha do stad Nelson Mandela a dh'obair idir. Bho leig e dheth a dhreuchd tha e air cumail air a' siubhal an t-saoghail. Bidh e gu tric a' coinneachadh ri ceannardan, a' dol gu co-labhairtean agus a' togail dhuaisean.

Bha e an sàs anns na còmhraidhean sìthe airson deamocrasaidh a thoirt gu Congo, Burundi agus dùthchannan Afraganach eile. Tha e cuideachd a' feuchainn ri sìth a thoirt don Ear Mheadhanach agus sgìrean eile air feadh an t-saoghail.

Ann an 1998 phòs e airson an treas uair. Air an latha a bha e ceithir fichead bliadhna a

dh'aois, phòs e Graca Machel. Bha ise pòsta roimhe aig an fhear a bha na Cheann-suidhe air dùthaich Mosambìog.

Gun teagamh is e Nelson Mandela am prìosanach cogaidh as ainmeile anns an linn againne. Às dèidh faisg air trithead bliadhna anns a' phrìosan, tha meas mòr air Mandela air feadh an t-saoghail. Rinn e mòran airson còraichean nan daoine dubha a thoirt air adhart. Ach bidh cuimhne air cuideachd airson saoghal poileataigeach ùr a thoirt gu buil ann an Afraga a Deas.

